



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

TOGALAICHEAN CLÀRAICHTÈ NA H-ALBA 2016



Togalaichean clàraichte na h-Alba

Bidh an leabhran seo a' mìneachadh na tha clàradh toglaichean a' ciallachadh do luchd le togalach-clàraichte, is ciamar a bhios sinn a' measadh thoglaichean gus an clàradh.

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làrach fhèin fhàgail air bailtean is bailtean-mòra, agus a-muigh air an dùthaich mun cuairt oirnn. Tha an ceangal làidir eadar sinn fhìn is àiteachan agus mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu mòr ri ar cultar nam pàirt mòr de ar coimhearsnachdan agus tha na nithean sin a' cuideachadh le bhith togail bratach na h-Alba air feadh an t-saoghail.

Chaidh na ciad chumhachan laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhìon a thoirt a-steach ann an 1882. Ann an Alba, thòisich clàradh thogalaichean an da-rìribh às dèidh 1957, agus leis na 1970an bha tòrr thogalaichean air a bhith air an clàradh.

Le bhith clàradh togalach, thathar a' comharrachadh mar a tha luach sònraichte ann a thaobh ailtireachd no eachdraidh. Tha sinn den bheachd gu bheil thogalaichean clàraichte am measg nan stòras as prìseile a th' aig Alba.

Tha thogalaichean clàraichte a' toirt cunntas dhuinn air eachdraidh na h-Alba, agus a' nochdadh fheartan nàiseanta, sgìreil is ionadail a gheibhear gu sònraichte ann an Alba. Tha iad air aon de na h-adhbharan a tha Alba cho math mar àite airson a bhith fuireach is ag obair ann, agus airson tadhal air. Tha seagh eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith tuigsinn cò sinn.

Bho thogalaichean bho na meadhan-aoisean gu feadhainn a chaidh a thogail sna 1980an, tha thogalaichean clàraichte a' buntainn ri iomadh taobh de ar beatha – bhothaighean croite is teanamaintean, drochaidean is muilnean, gu taighean-mòra air an dùthaich is thogalaichean airson adhradh. Tha an dualchas ioma-sheòrsach is air leth seo mar thoradh air lèirsinn is comasan ar sinnsirean. Le bhith clàradh nan thogalaichean seo, tha e gar cuideachadh le bhith toirt aithne do na choilean iad agus tha e cumail cuimhne air airson nan ginealach ri teachd.

Tha dleastanasan cudromach aig na daoine leis a bheil no a tha fuireach sna thoglaichean clàraichte ann a bhith gabhail cùram de ar dualchas. Faodaidh iad cuideachadh le bhith dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig na ginealaichean ri teachd air na thogalaichean seo sa bheil luach a thaobh ailtireachd is eachdraidh.

Dè th' ann an clàradh?

'S e a th' ann an clàradh, an dòigh sa bheilear ag aithneachadh fon lagh, Achd Dealbhachaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997, gu bheil luach sònraichte ann an togalach no structar a thaobh ailtireachd no eachdraidh, faicibh www.legislation.gov.uk/ukpga/1997/9/contents.

Thathar a' cumail rian air togalaichean clàraichte tron t-siostam dhealbhadhaidh, tro cheadan airson togalaichean clàraichte, gus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air atharraichean sam bith a nithear orra.

Faodaidh ciall an fhacail 'togalach' a bhith gabhail a-steach tòrr structaran dèanta le daoine, mar fhuarain, uaireadairean-grèine, ìomhaighean-snaighte agus drochaidean.

Tha luach ann an tòrr togalaichean a thaobh ailtireachd no eachdraidh ach, nuair a thathar a' beachdachadh air togalach a chlàradh, feumaidh luach 'sònraichte' a bhith ann. Gus a bhith air a chlàradh, feumaidh togalach aon no barrachd de na slatan-tomhais againn a choileanadh (faicibh duilleag 7 Togalaichean).

Clàraichte is ìrean clàraidh

Tha mu 47,000 togalaichean clàraichte ann an Alba. Bithear a' cur togalaichean ris an liosta agus gan toirt dhith gu cunbhalach. Tha togalaichean air an seòrsachadh a rèir trì diofar ìrean. Bithear a' coimhead air gach togalach san aon dòigh san t-siostam dhealbhadhaidh, às bith dè an ìre fo bheil iad clàraichte. Chan eil seasamh laghail aig na diofar ìrean.

Ìre A

Tha togalaichean clàraichte fo ìre A:

- cudromach gu nàiseanta no gu h-eadar-nàiseanta, a thaobh ailtireachd no eachdraidh;
- cha deach mòran atharraichean sam bith a dhèanamh orra; agus
- tha iad nan sàr eisimpleirean de sheòrsa togalaich shònraichte, de stoidhle shònraichte no bho linn shònraichte.

(Tha mu 8% de na togalaichean clàraichte ann an Alba air an clàradh fo ìre A.)

Ìre B

Tha togalaichean clàraichte fo ìre B:

- cudromach aig ìre sgìreil no aig ìre nas àirde na ìre ionadail;
- dh'fhaodadh gun deach atharraichean a dhèanamh orra; agus
- tha iad nan eisimpleirean fìor mhath de sheòrsa togalaich shònraichte, de stoidhle shònraichte no bho linn shònraichte.

(Tha mu 50% de na togalaichean clàraichte ann an Alba air an clàradh fo ìre B.)

Ìre C

Tha togalaichean clàraichte fo ìre C nan togalaichean sìmplidh, dualchasach a tha freagarrach an comann ri togalaichean eile aig ìre A is B, no tha iad:

- cudromach gu h-ionadail;

- nan eisimpleirean de sheòrsa togalaich shònraichte, de stoidhle shònraichte no bho linn shònraichte; agus
- tha iad an ìre mhath mar a bha iad nuair a chaidh an togail an toiseach no cha deach ach beagan atharraichean a dhèanamh orra.

(Tha mu 42% de na togalaichean clàraichte ann an Alba air an clàradh fo ìre C.)

Co-ìrean

Dh'fhaodadh gun deach 'co-ìre' A no B a bhuileachadh air cruinneachadh de thogalaichean ann an clàr airson togalach clàraichte. Chan eil seasamh laghail aig na co-ìrean sin. Chan eil iad a' toirt buaidh air an ìre a chaidh a bhuileachadh air gach togalach fa leth agus tha e dìreach ann airson sealltainn gu bheil barrachd luach san togalach chlàraichte ri linn nan togalaichean clàraichte eile a tha sa chruinneachadh.

A' measadh thogalaichean airson an clàradh

Nì sinn measadh air gach togalach a thaobh cho airidh 's a tha e air inbhe chlàraichte. Gabhar ealla ri grunn nithean nuair a thathar a' dèanamh co-dhùnadh feuch a bheil togalach sònraichte gu leòr a thaobh ailtireachd no eachdraidh airson a chlàradh.

San Aithris Poileasaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba thathar a' mìneachadh nan slatan-tomhais a chleachdar, faicibh www.historicenvironment.scot/advice-and-support/planning-and-guidance/legislation-and-guidance/historic-environment-scotland-policy-statement.

Gu h-aithghearr, 's iad na prìomh shlatan-tomhais:

Aois agus cho tearc 's a tha iad

Gabhar ri togalaichean a thogadh ro 1840 ma tha na feartan sònraichte aca an ìre mhath fhathast ann. Thèid togalaichean nas ùire na sin a thaghadh a rèir càileachd is feartan fa leth gach togalaich. Thèid togalaichean a thogadh às dèidh 1945 a thaghadh san aon dòigh. Ge-tà, mar as trice cha bhithear a' clàradh thogalaichean a thogadh o chionn nas lugha na 30 bliadhna.

Luach a thaobh ailtireachd no eachdraidh

Thèid seo a mheasadh fo na cinn seo: taobh a-staigh an togalaich, cruth a' phlana, sàr obair no innleachdas a thaobh teicneòlais, càileachd dealbhachaidh no nan stuthan togail, suidheachadh, agus eadar-dhealachaidhean sgìreil.

Ceanglaichean eachdraidheil

Gabhar ealla ri ceanglaichean eadar daoine no tachartasan a tha/bha cudromach gu nàiseanta, fhad 's a tha luach ann an, no sàr-fheartan aig, structar no coltas an togalaich cuideachd. Feumaidh ceangal dha-rìribh a bhith ann agus feumaidh e bhith cudromach. Cuideachd, bu chòir don togalach a bhith riochdachadh an neach no an tachartais.

Cuideachd, beachdachaidh sinn air na leanas:

- An luach sònraichte ann an diofar sheòrsa thogalaichean, an dà chuid air adhbharan ailtireachd no dealbhachaidh, no air sàillibh gu bheil iad a' nochdadh eachdraidh shòisealta is eaconamach.

- Mar a tha an togalach a' cur ri cruinneachadh de thogalaichean sa bheil luach a thaobh ailtireachd no eachdraidh, mar bhaile air a phlanadh, ceàrnag a' bhaile no baile dealbhaichte.
- A' bhuidh a th' aig togalaichean dualchasach air cùisean (sin togalaichean a tha nan dachaighean no nan togalaichean-goireasach togte le stuthan is modhan-obrach ionadail), gu h-àraidh an dòigh sa bheil cruinneachadh de thogalaichean a' toirt buaidh air na togalaichean fa leth sa chruinneachadh. Air an làimh eile, dh'fhaodadh gum bi taigh-mòr air an dùthaich nas cudromaiche ri linn thogalaichean eile faisg air, mar stàball, loidsichean, puist geata no drochaidean.
- Tha dreach tùsail a' cunntadh (sin na tha air fhàgail de structar is coltas tùsail an togalaich, agus mar sin mar a tha an togalach fhathast a' sealltainn cho cudromach 's a tha e). Chan eil sin a' ciallachadh gum feum togalach a bhith dìreach mar a bha e nuair a chaidh a thogail bho thùs, oir dh'fhaodadh gun cuir atharraichean a chaidh a dhèanamh ri cho cudromach 's a tha an togalach. Bheirear beachd air na nithean a chaidh a thoirt air falbh agus a chur ris an togalach nuair a thathar a' measadh càileachd an togalaich.

Chan fheum togalach a bhith air a chleachdadh airson an adhbhair a chaidh a thogail bho thùs airson a bhith airidh air ìre chlàraichte. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun deach flataichean le bùithtean a dhèanamh à togalach gnìomhachais, agus dh'fhaodadh gu bheilear a-nis a' cleachdadh drochaid-rèile mar cheum airson coiseachd no baidhsagalan. Dh'fhaodadh na dhà a bhith freagarrach airson ìre chlàraichte.

Mar as trice, cha bhithear a' gabhail ealla ri staid an togalaich nuair a thathar ga mheasadh airson clàradh. Cha toir sin buaidh ach nuair a tha staid an togalaich a' lùghdachadh a luach a thaobh ailtireachd no eachdraidh chun na h-ìre 's nach eil e sònraichte tuilleadh.

Molaidhean clàraidh, ath-sgrùdaidhean is a' toirt thogalaichean far na liosta

Faodaidh neach sam bith togalach a mholadh airson a chlàradh no iarraidh oirnn ath-sgrùdadh a dhèanamh air togalach a tha clàraichte mu thràth no togalach a thoirt far na liosta (dì-chlàradh).

Faodaidh sibh gin sam bith de na rudan sin a dhèanamh le bhith lionadh an fhoirm-iarrtais againn a-steach. Gheibhear am foirm bhon làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-scheduling-and-designations/listed-buildings/propose-a-building-for-listing no faodaidh sinn fear a chur thugaibh sa phost.

Aon uair 's gum faigh sinn am foirm agaibh, nì sinn rannsachadh air an iarrtas agaibh. Mar phàirt de sin dh'fhaodadh gun tadhail sinn air an làrach. 'S e a tha fa-near don rannsachadh, measadh a dhèanamh air an togalach a rèir nan slatan-tomhais airson clàradh. A rèir dè an seòrsa cùise a th' ann, dh'fhaodadh gum bi againn ri grunn cheumannan mionaideach a ghabhail mus ruig sinn co-dhùnadh deireannach. Ma tha sinn den bheachd gum faodadh an togalach a bhith cudromach (no nach eil an togalach cudromach nuair a tha sinn a' toirt togalach far na liosta no le iarrtasan airson Teisteanas le Dearbhadh Nach Eilear an Dùil Togalach a Chlàradh - faicibh duilleag 11), nì sinn ciad cho-dhùnadh mun mholadh. Gu h-àbhaisteach às dèidh sin, bidh sinn a' sireadh bheachdan bhon ùghdarras-phlanaidh agus bhon neach (no na daoine) leis a bheil an togalach, mas urrainn dhuinn. 'S e as motha a tha fa-near dhuinn nuair a chumas sinn co-chomhairleachadh le daoine, dèanamh cinnteach às an fhiosrachadh a th' againn mun togalach, mar eisimpleir a bheil am fiosrachadh a th' againn mun cheann-latha a chaidh a thogail agus an t-aitire a dhealbh e ceart.

Mar as trice innsidh sinn dhuibh, ma tha sealbh agaibh air no ma tha sibh a' fuireach ann an togalach:

- a chaidh a chlàradh;
- a chaidh a thoirt far na liosta (mura deach a leagail); no
- a tha clàraichte agus gun deach an 'seòladh reachdail' aig an togalach chlàraichte sin, mar a sheallar fon chlàr airson an togalaich air an liosta, atharrachadh.

Cuideachd, innsidh sinn don ùghdarras-phlanaidh.

Nuair a nì sinn co-dhùnadh a thaobh a bhith cur làrach ris an liosta no a bhith ag atharrachadh seòladh reachdail, foillsichidh sinn aithisg mun cho-dhùnadh againn air portal.historicenvironment.scot. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh gum bi measadh ann air an togalach a rèir nan slatan-tomhais.

Molaidhean clàraidh eile

Fiosan-gleidhidh airson thogalaichean

Faodaidh ùghdarrasan ionadail fiosan-gleidhidh airson thogalaichean fhoillseachadh gus dìon a dhèanamh air togalaichean nach eil clàraichte, a tha iad a' smaoineachadh sa bheil luach sònraichte agus a tha gu bhith air an leagail no gu bhith air an atharrachadh ann an dòigh a bheireadh buaidh air an luach shònraichte aca. Thèid an togalach a dhìon san aon dòigh sa bheilear a' dìon togalach clàraichte. Seasaidh am fios airson suas ri sia mìosan, agus san ùine sin nì sinn measadh feuch am bu chòir don togalach a bhith clàraichte.

Teisteanas le Dearbhadh nach eilear an Dùil Togalach a Chlàradh

'S e a th' ann an Teisteanas le Dearbhadh Nach Eilear an Dùil Togalach a Chlàradh (TDDTC) teisteanas a chuireas stad air togalach a bhith air a chlàradh airson còig bliadhna bhon cheann-latha air an teisteanas. Chan fhaod ùghdarras-planaidh fios-gleidhidh airson togalach a thoirt seachad airson an togalaich san ùine sin. Tha TDDTC a' toirt dearbhadh air cùisean do shealbhadairean no luchd-leasachaidh a tha an dùil obair a dhèanamh 's dòcha air togalach. Thèid iarrtasan airson teisteanas a mheasadh san aon dòigh a thèid iarrtas airson clàradh a mheasadh.

Ath-thagraidhean

Mas ann leibhse a tha an togalach, no ma tha sibh a' fuireach ann no nur neach-gabhail ann agus nach eil sibh ag aontachadh leis na co-dhùnidhean againn, faodaidh sibh ath-thagradh a dhèanamh fon lagh an aghaidh:

- clàraidhean ùra; agus
- atharraichean air seòladh reachdail togalach clàraichte.

Feumaidh sibh an t-ath-thagradh agaibh a chur chun na Roinne airson Ath-thagraidhean Dealbhachaidh is Àrainneachd taobh a-staigh trì mìosan bhon cheann-latha air an litir a chuireas sinn thugaibh mu chlàradh ùr no atharrachadh air seòladh reachdail togalach clàraichte, faicibh www.dpea.scotland.gov.uk. Faicibh ar làrach-lìn airson tuilleadh fiosrachaidh mu ath-thagraidhean www.historicenvironment.scot/advice-and-support.

Ged nach eil còir laghail ann airson ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh mar a chaidh togalach a thoirt far na liosta, mar a chaidh ìre chlàraichte togalach atharrachadh no mar a chaidh togalach a dhiùltadh airson clàradh, bidh sinn toilichte sùil às ùr a thoirt air a' cho-dhùnadh againn ma gheibh sinn fiosrachadh buntainneach nach robh ann nuair a rinn sinn

a' chiad cho-dhùnadh againn. Faodaidh sibh ath-sgrùdadh mar sin iarraidh le bhith lionadh an fhoirm againn a-steach www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-scheduling-and-designations/listed-buildings/propose-a-building-for-listing.

An clàr airson togalach clàraichte

Tha clàr ann airson gach togalach clàraichte. 'S e an aon phàirt den chlàr aig a bheil seasamh reachdail (laghail) an seòladh a th' ann an clàr an togalaich chlàraichte (sin, an seòladh reachdail).

Chan eil seasamh laghail aig a' chòrr den fhiosrachadh, agus tha e ann dìreach mar fhiosrachadh a bharrachd. Tha an clàr ann gus daoine a chuideachadh le bhith tuigsinn carson a tha an togalach clàraichte gu sònraichte cudromach. Faodaidh sibh na clàran a rannsachadh air-loidhne air an làrach-lìn againn portal.historicenvironment.scot.

Tha an dòigh sam bithear a' sealltainn agus a' sgrìobhadh chlàran airson thogalaichean clàraichte air atharrachadh gu mòr thar nam bliadhnaichean. Leis na ciad chlàran, bha iad buailteach a bhith gu math goirid agus dh'fhaodadh nach robh iad fiù 's ag innse carson a bha luach sònraichte san togalach. An-dràsta le clàr ùr no clàr a chaidh ath-sgrùdadh o chionn ghoirid, bidh sinn a' toirt seachad tuairisgeul aithghearr de ailtireachd an togalaich agus mìneachadh nas mionaidiche air carson a tha an togalach air a chlàradh, agus gheibhear dealbhan-camara agus mapaichean den làrach. Tha faclair de dh'fhaclan ailtireachd air an làrach-lìn againn.

Tha an clàradh a' buntainn ris an togalach aig an t-seòladh reachdail a chithear ann an clàr an togalaich chlàraichte, agus tha e a' gabhail a-steach taobh a-staigh agus taobh a-muigh an togalaich, às bith dè an ìre chlàraidh. (Cuimhnichibh gum faod ainmean shràidean is àireamhan air sràid atharrachadh thairis air ùine agus dh'fhaodadh nach bi am fiosrachadh sa chlàr airson togalach clàraichte air ùrachadh.)

Seach gu bheil a h-uile togalach clàraichte eadar-dhealaichte, faodaidh na tha an clàr a' gabhail a-steach a bhith caochlaideach. Innsidh an t-ùghdarras-planaidh agaibh dhuibh ma dh'fheumas sibh cead airson togalach clàraichte gus atharraichean a dhèanamh air togalach, no ma tha togalach nach eil ainmichte fon t-seòladh reachdail ann an clàr an togalaich chlàraichte air a ghabhail a-steach ann an 'dlùth-àrainn' an togalaich.

Dlùth-àrainn

Fon Achd Dhealbhadhaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997, tha 'dlùth-àrainn' (criochan) aig gach togalach clàraichte. Tha sin a' ciallachadh gum faodadh gum bi nì no structar sam bith, a tha ann an dlùth-àrainn an togalaich, a bhith air am meas clàraichte. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi taigh-mòr air an dùthaich air ainmeachadh san t-seòladh reachdail, agus dh'fhaodadh nach bi structaran mar bhallaichean-crìche, cachailleithean no stàballan air an ainmeachadh no nach bi tuairisgeul orra ann an clàr an togalaich chlàraichte, ach dh'fhaodadh iad fhathast a bhith mar phàirt den chlàradh.

Bidh ùghdarrasan-planaidh a' dèanamh co-dhùnadh feuch dè tha an clàradh a' gabhail a-steach agus am bu chòir do structaran eile aig an t-seòladh a bhith clàraichte cuideachd.

Am measg nan cùisean air am bi ùghdarrasan-planaidh a' beachdachadh, ann a bhith dèanamh co-dhùnadh feuch am bu chòir do structaran eile ann an dlùth-àrainn an togalaich a bhith clàraichte, tha na leanas:

- An deach na structaran a thogail ro 1948?

- An ann leis an aon neach/na h-aon daoine a bha iad leis an robh am prìomh thogalach clàraichte aig an àm a chaidh a chlàradh?
- A bheil ceangal soilleir ann eadar na structaran is am prìomh thogalach clàraichte a thaobh an adhbhair a chaidh an cleachdadh bho thùs?
- A bheil ceangal fhathast eadar na structaran agus am prìomh thogalach clàraichte?

Am faod pàirtean den làrach chlàraichte gun a bhith clàraichte?

Fo lagh a chaidh a thoirt a-steach air 1 Dàmhair 2015 (fo earrainn 1 (4A) den Achd Dhealbhadhaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997) faodaidh sinn a ràdh nach eil gin de na nithean a leanas mar phàirt de chlàradh togalaich agus mar sin cha bhi iad clàraichte.

- Nì no structar sam bith ceangailte ri togalach
- Nì no structar sam bith a tha taobh a-staigh dlùth-àrainn an togalaich
- Pàirt no feart sam bith aig togalach clàraichte anns nach eil luach a thaobh ailtireachd no eachdraidh

Tha seo airson dèanamh cinnteach nach bi cead airson togalach clàraichte a dhìth air sealbhadairean is luchd-còmhnaidh ach nuair a tha sin freagarrach.

Ma tha clàr airson togalach clàraichte ag ràdh nach eil pàirt de thogalach no structar ann an dlùth-àrainn an togalaich mar phàirt den chlàradh, mar as trice cha bhi feum agaibh air cead airson togalach clàraichte gus am pàirt no structar sin atharrachadh.

Bu chòir dhuibh bruidhinn ris an ùghdarras-phlanaidh agaibh airson dèanamh cinnteach gu bheil e ceart gu leòr mus dèan sibh obair sam bith. Ged nach bi feum agaibh air cead airson togalach clàraichte 's dòcha, dh'fhaodadh gum bi feum agaibh air cead eile mar cead-dealbhadhaidh no barantas togail.

Faicibh an làrach-lìn againn airson tuilleadh fiosrachaidh mu nithean neo-chlàraichte www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-scheduling-and-designations.

A' fuireach ann an is ag obair le togalaichean clàraichte

Ma tha sibh airson togalach clàraichte atharrachadh, a leudachadh no a leagail, feumaidh sibh fios a chur chun an ùghdarras-phlanaidh agaibh feuch a bheil cead airson togalach clàraichte a dhith oirbh.

Cuimhnichibh gu bheil an clàradh a' gabhail a-steach taobh a-staigh agus taobh a-muigh an togalaich. Gu h-àbhaisteach cha bhi feum agaibh air cead airson togalach clàraichte airson obair chàraidh air togalach clàraichte nuair a tha sibh ga chàradh ann an dòigh nach dèan atharrachadh air an togalach, ach tha sinn a' moladh gun cuir sibh fios chun an ùghdarras-phlanaidh agaibh mus tòisich sibh air obair mar sin.

'S e an roinn-dhealbhadh as motha a bhios a' dèiligeadh ri iarrtasan airson cead airson togalach clàraichte. Beachdaichidh iad air iarrtasan a rèir stiùiridhean mar ar Notaichean-stiùiridh airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean agus sgrìobhainnean poileasaidh nàiseanta eile, agus na poileasaidhean aca fhèin www.historicenvironment.scot/advice-and-support/planning-and-guidance/legislation-and-guidance/managing-change-in-the-historic-environment-guidance-notes/.

Tha e mar dhleastanas oirnn comhairle is eòlas fiosrach a thoirt dhaibh. Bidh sinn a' toirt comhairle shònraichte do roinnean-dealbhadh agus do dhaoine a tha airson atharrachadh no leasachadh a dhèanamh air togalaichean clàraichte. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air sin sna Notaichean-stiùiridh airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean. Tha na sgrìobhainnean sin a' toirt comhairle air diofar nithean a bhuineas ri togalaichean clàraichte, leithid uinneagan, taobh a-staigh thogalaichean, agus leudachaidhean.

A' cur fios chun na roinne-dealbhadh

'S e a' chiad cheum a bu chòir dhuibh a ghabhail, ma tha sibh am beachd obair a dhèanamh air togalach clàraichte, fios a chur chun an ùghdarras-phlanaidh agaibh. Innsidh iadsan dhuibh ma dh'fheumas sibh iarrtas a chur a-steach airson cead airson togalach clàraichte. Tha e an urra ris an roinn-dhealbhadh co-dhùnadh a dhèanamh feuch dè tha air a ghabhail a-steach sa chlàradh agus a bheil structaran eile aig an t-seòladh a dh'fhaodadh a bhith clàraichte.

Gu h-àbhaisteach, bidh cead a dhith oirbh airson atharraichean a bheir buaidh air feartan an togalaich. Dh'fhaodadh gum bi cead a dhith oirbh airson atharraichean a tha nur beachd-se gu math beag, mar a' glanadh nan clachan air pàirt den togalach no air an togalach air fad, no a' cur uinneagan ùra a-steach. Tha e gu math buailteach gum bi cead a dhith airson obair mhòr mar leudachaidhean, atharraichean air an structar no a' leagail an togalach no pàirt dheth. Tha seo fìor às bith dè an ìre chlàraidh a th' ann (A, B no C) agus co-dhiù a tha an obair a' toirt buaidh air an taobh a-staigh no air an taobh a-muigh.

Bidh sibh a' cur a-steach airson cead a thaobh togalach clàraichte san aon dòigh cha mhòr 's a chuireadh sibh a-steach airson cead-dealbhadh. Bidh sibh a' cur foirm-iarrtais agus planaichean a-steach airson na h-obrach a tha fa-near dhuibh. Chan eil cosgais ann airson cead airson togalach clàraichte.

'S e eucoir a th' ann togalach clàraichte a leagail, atharrachadh no a leudachadh ann an dòigh a dh'atharraicheadh feartan an togalaich mar thogalach sa bheil luach a thaobh ailtireachd no eachdraidh mura h-eil cead airson togalach clàraichte agaibh.

Mura h-eil sibh cinnteach dè tha air a ghabhail a-steach ann an clàradh, no a bheil feum agaibh air cead airson togalach clàraichte, cuiribh fios chun an ùghdarras-phlanaidh agaibh mus tòisich sibh air an obair.

Dleastanasan nan sealbhadairean

Thèid staid an togalaich a chlàradh air an dearbh latha a thèid a chlàradh. Cha tèid iarraidh oirbh rudan a chur air ais mar a bha iad, mus deach an togalach a chlàradh.

Coltach ri stòras sam bith, 's ann an urra ris na daoine leis a bheil na togalaichean a tha e na togalaichean sin a chlàradh is a ghleidheadh. Ge-tà, tha diofar chumhachdan aig ùghdarrasan-planaidh a dh'fhaodas iad a chleachdadh gus dìon a dhèanamh air togalaichean clàraichte san sgìre aca.

Faodaidh ùghdarrasan-planaidh obair èiginneach sam bith a tha dhìth gus togalach clàraichte anns nach eil daoine a' fuireach no ag obair a ghleidheadh, no pàirtean sam bith de thogalach clàraichte nach eilear a' cleachdadh, fhad 's a dh'innseas iad do na daoine leis a bheil an togalach ro-làimh. Faodaidh ùghdarrasan-planaidh iarraidh air an t-sealbhadair cosgaisean na h-obrach èiginneach a phàigheadh air ais.

Cuideachd faodaidh ùghdarras-planaidh cead fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba gus togalaichean clàraichte a tha ann droch staid a cheannach tro 'ceannach èigneachail'. An toiseach, feumaidh an t-ùghdarras fios-càraidh a thoirt seachad. Mura cùm an sealbhadair ri cumhachan an fhios sin, faodaidh an t-ùghdarras-planaidh tòiseachadh air ceannach èigneachail a thoirt air adhart.

Ma tha ùghdarras-planaidh den bheachd gun do leig cuideigin le togalach a dhol ann an droch staid a dh'aona-ghnothach gus adhbhar a thoirt dhaibh an togalach a leagail agus an làrach a leasachadh (no ath-leasachadh), faodaidh an t-ùghdarras iarraidh air Ministearan na h-Alba cead a thoirt dhaibh ceannach èigneachail a dhèanamh le bhith pàigheadh na suime diolaidh as lugha.

Ionadan adhradh

Bithear a' dèiligeadh ri ionadan adhradh ann an dòigh eadar-dhealaichte bho thogalaichean clàraichte eile. Chan fheum sibh cead airson togalach clàraichte gus atharraichean a dhèanamh taobh a-staigh ionad adhradh a tha fhathast ga cleachdadh. Tha sgeama ceadaich saor-thoileach ga chur an sàs an-dràsta airson obair air taobh a-muigh ionadan adhradh a tha fhathast gan cleachdadh. Faighnichibh don ùghdarras-phlanaidh a bheil feum agaibh air cead airson togalach clàraichte. Bidh cead a dhìth oirbh gus togalach a leagail gu làr.

Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrais dhualchais eile a chomharrachadh.

Tha e an urra rinn carraighean clàraichte (tha dìon laghail ga dhèanamh air carraighean a tha cudromach gu nàiseanta fo Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979), gàrraidhean is fearann dealbhaichte, agus raointean bhlàr eachdraidheil a chomharrachadh. Bidh sinn cuideachd a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air sin air an làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/advice-and-support.

Gheibhear cuid a thogalaichean clàraichte ann an sgìrean glèidhteachais agus ann an Làraichean Dualchais na Cruinne. Cha bhi sinn a' toirt inbhe-chomharraichte orra sin.

Tha còrr is 600 raon glèidhteachais ann an Alba air an comharrachadh le ùghdarrasan-planaidh. Feumaidh ùghdarrasan-planaidh co-dhùnadh a dhèanamh feuch dè na pàirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailteireachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidhteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobaill a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidhteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Faodaidh togalaichean clàraichte a bhith taobh a-staigh Làrach Dualchais na Cruinne. Thèid na làraichean a chlàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàdair www.whc.unesco.org.

Tha sia Làraichean Dualchais na Cruinne ann an Alba an-dràsta. Gheibhear fiosrachadh orra sin air an làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-scheduling-and-designations/world-heritage-sites.

A' lorg fiosrachadh air togalaichean clàraichte, agus inbhean-comharraichte eile agus ar co-dhùnaidhean

Faodaidh sibh prìomh-fhaclan no am mapa a chleachdadh gus lorg fhaighinn air togalaichean clàraichte, gàrraidhean is fearann dealbhaichte, raointean bhlàr clàraichte, carraighean clàraichte agus mar sin air adhart ma thadhlas sibh air an làrach-lìn againn www.portal.historic-scotland.gov.uk. Cuideachd, gheibh sibh fiosrachadh ann mu na co-dhùnaidhean a nì sibh a thaobh inbhean-comharraichte. Mura h-eil sibh cinnteach fhathast a bheil gus nach eil an togalach agaibh clàraichte, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhraìn seo. Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làrach-lìn aig 'Scotland's Environment', agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun àrainneachd an sin, mu rudan mar chrìochan nan sgìrean glèidhteachais www.environment.scotland.gov.uk. Faodaidh sibh cuideachd faighneachd don ùghdarras-phlanaidh agaibh a bheil an togalach agaibh clàraichte agus dè tha air a ghabhail a-steach sa chlàradh sin.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaicinn mu thogalaichean clàraichte air ar làrach-lìn.

Àrachas

'S ann an urra ribh fhèin a tha co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh dè an t-àrachas a tha dhìth gus dèiligeadh ri cunnartan agus gus dìon a dhèanamh air luach an togalaich agaibh. Air sàillibh gu bheil togalaichean clàraichte gu tric na sine agus gu bheil feartan sònraichte aca, dh'fhaodadh gum bi obair chàraidh agus cosgaisean àrachais nas daoire na bhiodh iad le togalach nas ùire. Ge-tà, bidh iad faisg air na prìsean airson togalach traidiseanta a tha coltach ris ach nach eil clàraichte.

Seach gum bi dòcha feum agaibh cead airson togalach clàraichte iarraidh airson obair chàraidh, far am bi sgilean spèisealta a dhìth 's dòcha, bidh tòrr luchd-àrachais a' cur nan cosgaisean àrachais an àirde gus ealla a ghabhail ri sin. Bidh luachadh ùr air an togalach na chuideachadh do luchd-àrachais nuair a nì iad measadh air cunnartan. Faicibh an làrach-lìn againn airson tuilleadh fiosrachaidh.

Atharraichean air togalach clàraichte

Ma tha sibh ag iarraidh atharraichean a dhèanamh air togalach clàraichte, cuiribh fios chun an ùghdarras-phlanaidh agaibh gus cead airson togalach clàraichte fhaighinn. Gheibhear

comhairle, sna Notaichean-stiùiridh air-loidhne againn airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean, air diofar chùisean a bhuineas ri togalaichean clàraichte leithid uinneagan, taobh a-staigh an togalaich agus leudachaidhean.

Comhairle air glèidhteachas

Tha tòrr fiosrachaidh air an làrach-lìn againn san earrainn Glèidhteachas Teicnigeach mu thogalaichean traidiseanta, a' gabhail a-steach na stiùiridhean INFORM againn. Leis an t-Seirbheis airson Ceistean Teicnigeach, tha sinn cuideachd a' toirt stiùireadh air cùisean glèidhteachais don ghnìomhachas togail, do luchd-togail, luchd-foghlaim agus do dhaoine leis a bheil togalaichean no a tha fuireach annta. Bheir sinn comhairle seachad air far am faighear fiosrachadh mu bhith coimhead às dèidh thogalaichean eachdraidheil, agus bidh sinn a' foillseachadh sgrìobhaidhean don phoball agus do luchd-proifeiseanta. Faodaidh sibh fònadh gu Sgioba nan Ceistean Teicnigeach air 0131 668 8600 no faodaidh sibh post-d a chur thuca aig technicaleducation@hes.scot. Cuideachd, faicibh an earrainn air ar làrach-lìn againn mu Ghlàidhteachas Teicnigeach www.historicenvironment.scot/about-us/what-we-do/conservation.

Tabhartasan

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' toirt seachad tabhartasan gus cuideachadh le bhith gleidheadh nam feartan is nan nithean as cudromaiche a gheibhear san àrainneachd eachdraidheil. Cuidichidh iad le bhith pàigheadh airson nan cosgaisean a dh'èireas bho bhith cleachdadh stuthan traidiseanta agus bho bhith dèanamh feum de sgilean spèisealta gus feartan tùsail a chàradh no a ghleidheadh. Tha grunn sgeamaichean thabhartasan againn. Nuair a chuireas neach a-steach airson tabhartas càraidh airson togalach, cha bheachdaich sinn dìreach air luach an togalaich a thaobh ailtireachd no eachdraidh, ach cuideachd bidh slatan-tomhais eile againn mar na dòighean sa bheil a' choimhearsnachd a' dèanamh feum den togalach. Mar phàirt dhe sin beachdaichidh sinn air mar a tha an togalach a' cur ri ath-nuadhachadh an àite gu h-ionadail no a bheil cothrom aig a' phoball air. Dh'fhaodadh sin a bhith ciallachadh nach bi e cho buailteach gum faigh sibh maoineachadh poblach mura h-eil cothrom aig a' phoball air an togalach agaibh. Airson fiosrachadh mu sgeamaichean thabhartasan, faicibh ar làrach-lìn no cuiribh fòn thugainn air 0131 668 8801 www.historicenvironment.scot/grants-and-funding.

Air an làrach-lìn aig Maoinean airson Thogalaichean Eachdraidheil www.ffhb.org.uk gheibh sealbhadairean stiùireadh air maoineachadh airson obair chàraidh, obair ùrachaidh no airson ath-leasachaidhean air togalach eachdraidheil sam bith san Rìoghachd Aonaichte.

Tron Sgeama Thabhartasan airson Àiteachan Adhraidh Clàraichte www.lwpscheme.org.uk gheibhear tabhartasan a phàigheas airson VAT a dh'èireas bho obair chàraidh no atharraichean riatanach air togalaichean clàraichte a tha as motha air an cleachdadh mar àite adhraidh.

Dh'fhaodadh gum bi an t-ùghdarras-planaidh a' tabhann thabhartasan airson thogalaichean eachdraidheil cuideachd.

Taic Planaidh Alba

Tha Taic Planaidh Alba a' toirt comhairle seachad air planadh agus am pròiseas planaidh. pas.org.uk

Laghan is poileasaidhean buntainneach

– An Achd Dealbhachaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997 www.legislation.gov.uk/ukpga/1997/9/contents.

– Aithris Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba www.historicenvironment.scot/advice-and-support/planning-and-guidance/legislation-and-guidance/historic-environment-scotland-policy-statement.

– [A' Cumail Rian air Atharraichean san Àrainneachd Eachdraidheil. Faicibh ar notaichean-stiùiridh air an làrach-lìn againn](#)

www.historicenvironment.scot/advice-and-support/planning-and-guidance/legislation-and-guidance/managing-change-in-the-historic-environment-guidance-notes. *Ar stuthan foillsichte*

Tha grunn stuthan foillsichte againn. www.historicenvironment.scot/archives-and-research/publications.

Molaidhean is gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan mu chlàradh. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd air le bhith cur post-d gu designations@hes.scot.

Tha sinn air a chur romhainn seirbheis sàr mhath a thoirt seachad. Cuiridh sinn diù ann an gearan sam bith a gheibh sinn agus nì sinn feum den fhiosrachadh a thig nan cois gus piseach a thoirt air ar seirbheisean.

Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

Oifigear Ghearanan

Oifis an Àrd-oifigeir
Àrainneachd Eachdraidheil Alba Taigh Longmore
Ceàrn Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH
Fòn: 0131 668 8713
[Post-d: complaints@hes.scot](mailto:complaints@hes.scot)

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu na modhan againn gus gearan a dhèanamh air an làrach-lìn againn.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidhinn Phoblaich Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidhinn-charthannais chlàraichte (SC045925). 'S e aon de na dleastanasan againn liosta a chumail de thogalaichean sa bheil luach sònraichte a thaobh ailtireachd no eachdraidh.

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè tha clàradh a' ciallachadh do shealbhadairan agus ciamar a tha sinn a' measadh thogalaichean airson an clàradh. Tha e cuideachd ri fhaotainn ann am Beurla leis an tital, Scotland's Listed Buildings 2016.

Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Sgioba nan Inbhean-comharraichte
Taigh Longmore
Ceàrn Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8716
Post-d: designations@hes.scot
Làrach-lìn: www.historicenvironment.scot